

Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd Aithisg Turas Adhartais

Comhairle nan Eilean Siar

23 Giblean 2024

1. Co-theacsa

Thadhail Luchd-sgrùdaidh an Rìgh air Comhairle nan Eilean Siar a dhèanamh turas adhartais air ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd (CLD) sa Ghearran 2024. Rè an turais, bhruidhinn sinn ri luchd-ionnsachaidh agus riochdairean coimhearsnachd, stiùirichean CLD, manaidsèaran, luchd-obrach is saor-thoilich, agus prìomh luchd-ùidh eile. Rinn Luchd-sgrùdaidh an Rìgh measadh air èifeachd dòigh-obrach com-pàirteachasan CLD an ùghdarrais ionadail a thaobh fèin-luachadh agus planadh airson leasachadh, agus bheachdaich sinn air adhartas a rinneadh mu choinneamh phrìomhachasan comharraichte sna planaichean CLD aca.

Dh'fhuiling an t-ùghdarras ionadail ionnsaigh saidhbear ann an 2023. Mar thoradh air sin, chan eil mòran de na clàran dealanach aca, a' gabhail a-steach clàran air fiosrachadh coileanadh, rim faighinn tuilleadh. Ann an cuid de raointean solair, tha seo air buaidh mhòr a thoirt air taisbeanadh adhartais thar ùine agus fiosrachadh phrìomhachasan a bheir taic do leasachadh leantainneach. Tha stiùirichean CLD an ùghdarrais ionadail ag obair le com-pàirtichean CLD gus fèin-luachadh agus fiosrachadh coileanadh co-roinnte sam bith a chomharrachadh gus dèiligeadh ris a' chùis.

2. Toraidhean an turas adhartais

Dè cho èifeachdach 's a tha ceannardas an ùghdarrais ionadail agus an com-pàirtichean CLD a thaobh leasachadh bhuilean?

Raointean deagh adhartais

Tha ceannardas agus riaghladh CLD a' dol am feabhas. Tha lèirsinn choitcheann airson leasachadh aig buidheann-stiùiridh CLD, air a bheil riochdachadh bho raon farsaing de sheirbheisean poblach agus buidhnean coimhearsnachd. Tha seo a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an tabhartas susbainteach a tha buidhnean ionadail a' cur ri leasachadh choimhearsnachdan agus ri meudachadh cothroman ionnsachaidh ga bheachdachadh ann am planadh CLD. Tha seataichean dàta aig a' bhuidheann-stiùiridh airson plana CLD 2021-24, a tha a' cur taic ri sgrùdadh adhartais. Bidh buidheann-stiùiridh CLD ag aithris air adhartas a' phlana CLD ri Comataidh an Fhoghlaim agus Seirbheisean Cloinne agus ris a' chom-pàirteachas planadh coimhearsnachd (CPP). Tha na h-aithisgean sin cuideachd gan ceangal ri plana leasachaidh CPP. Tha an aithisg as ùire a' sealltainn adhartas soilleir a dh'ionnsaigh bhuilean coitcheann.

Bidh an t-ùghdarras ionadail agus buill a' bhuidhinn-stiùiridh CLD aige a' cleachdadh dòighean fèin-luachaidh gu math gus fiosrachadh a thoirt do raointean leasachaidh. Mar eisimpleir, ann an 2023, dh'aontaich com-pàirtichean a bhith a' cuimseachadh barrachd air sgrùdadh agus tracadh adhartais. Tha com-pàirtichean a' cleachdadh toraidhean co-chomhairlean coimhearsnachd roimhe seo agus as ùire gus fiosrachadh a thoirt do leasachadh plana CLD ùr. Lean toraidhean bho eacarsaich fèin-luachaidh ionnsachadh inbheach gu gnìomhan leasachaidh soilleir, a bha a' ceangal gu math ri raointean obrach a bha ann mar-thà agus raointean obrach ùra. Tha àrd-stiùirichean CLD air an riochdachadh air raon de CPP agus com-pàirteachasan ionadail, leithid a' chom-pàirteachas cosnaidh ionadail. Tha seo a' cuideachadh a thaobh dùblachadh oidhirp a sheachnadh agus goireasan co-roinnte a riarachadh gu h-ìomchaidh. Mar eisimpleir, tha co-shuidheachadh bhuidhnean leithid Leasachadh Sgìlean na h-Alba (SDS) agus seirbheisean cosnaidh an ùghdarrais ionadail a' toirt piseach air conaltradh agus planadh is libhrigeadh taic comas-cosnaidh. Tha com-pàirtichean agus buill coimhearsnachd ag obair gu gnìomhach a' lìonrachadh agus a' planadh is a' libhrigeadh CLD. Mar eisimpleir, tha Comann Dualchas Innse Gall a' ceangal gu math ri lìonraidhean agus com-pàirteachasan eile. Tha seo a' cuideachadh

nam ball gus ceangal ri cothroman agus leasachaidhean nas fharsainge air feadh nan Eilean Siar agus gu nàiseanta.

Aig ìre ionadail, bidh luchd-obrach CLD a' stiùireadh raointean de CLD. Tha eòlas math aca air an luchd-ionnsachaidh agus air na coimhearsnachdan aca agus tha iad a' sìor atharrachadh an cuid cleachdaidh gus freagairt air feumalachdan comharraichte. Bidh com-pàirtichean a tha an sàs ann an leasachadh agus libhrigeadh cothroman leasachaidh feachd-obrach a' co-obrachadh gu math gus cothrom air trèanadh CLD a leudachadh. Tha prògram leasachaidh feachd-obrach a tha air a dheagh leasachadh a' cuideachadh le fios a chumail ri cleachdadh nas cunbhalaich agus nas fheàrr ann am prìomh raointean obrach. Tha seo a' gabhail a-steach cleachdadh a tha tuigseach mu chruaidh-chàs agus meantoradh air comas-cosnadh. Bidh luchd-obrach adhartachadh slàinte a' libhrigeadh trèanadh air mothachadh agus co-fhaireachdainn mu bhochdainn do chom-pàirtichean. Mar thoradh air sin, tha com-pàirtichean air an tuigse mu bhochdainn agus ana-cothrom a dhoimhneachadh. Tha luchd-obrach CLD an ùghdarrais air fad nam buill no nam buill cheangailte de Chomhairle Inbhean CLD.

Raointean leasachaidh

Tha feum aig a' phlana CLD làithreach air ùrachadh. Air sgàth sin, chan eil e gu tur a' nochdadh co-oidhirpean com-pàirtichean CLD ann a bhith a' libhrigeadh deagh bhuilean CLD do luchd-ionnsachaidh agus coimhearsnachdan. Tha e cudromach gun cùm an raon farsaing de chom-pàirtichean an sàs ann an leasachadh a' phlana CLD ùir. Cuidichidh seo le bhith ag àrdachadh mothachadh air plana CLD agus a' dèanamh cinnteach gu bheil solar ionadail air a stiùireadh le prìomhachasan ro-innleachdail CLD.

Dè cho math 's a tha coileanadh an ùghdarrais ionadail agus a chom-pàirtichean CLD a' nochdadh deagh bhuaidh?

Raointean deagh adhartais

Bidh a h-uile com-pàirtiche ro-innleachdail CLD, a' gabhail a-steach urrasan leasachadh coimhearsnachd, a' dèanamh deagh fheum de raon tùsan dàta gus fiosrachadh a thoirt do na prìomhachasan aca agus gus leasachaidhean a nochdadh. Tha seo a' gabhail a-steach dàta uimhireil is càileachdail leithid fiosrachadh coimhearsnachd agus fiosrachadh ionad dàta SDS. Tha deagh chleachdadh ga dhèanamh de sgrùdaidhean cùise gus buaidhean fa leth agus buaidhean coimhearsnachd a cho-roinn. Tha rèiteachaidhean sgrùdaidh agus tracadh ann airson a' mhòr-chuid de phrìomhachasan plana CLD. Tha seo a' sealltainn sealbh chom-pàirtichean air gnìomhan, agus adhartas a dh'ionnsaigh bhuilean gearr-ùine, meadhan-ùine agus fad-ùine. Tha seo, còmhla ri fiosrachadh dèanadais eile, leithid fiosrachadh stiùiridh an ùghdarrais ionadail, a' cuideachadh le sgrùdadh agus aithris air adhartas thar ùine. Mar eisimpleir, tha dàta an ùghdarrais ionadail a' sealltainn gu bheil, bhon Ghiblean 2022, cha mhòr a h-uile targaid buailteach a choileanadh taobh a-staigh nan raointean-ama stèidhichte.

Bidh com-pàirtichean CLD a' riarachadh nan goireasan co-roinnte aca gu h-èifeachdach agus ag obair gu math còmhla gus dèiligeadh ri bacaidhean air gabhail pàirt. Mar eisimpleir, tha cuid de dhaoine òga so-leònte a tha a' frithealadh Ionad Òigridh Pointers a' toirt piseach air an cothroman beatha a thaobh an leasachaidh shòisealta, eaconamaich agus phearsanta. Tha am prògram eadar-theachd raointean feuma agus co-libhrigeadh trèanadh Mheantoran ann am Bacadh Fòirneirt do luchd-obrach Sgoil MhicNeacail agus taic do mheantoran ùra AS6, a' tòiseachadh a' cuideachadh le bhith ag ath-cheangal ri luchd-ionnsachaidh a tha air ùidh ann am foghlam a chall. Tha na prògraman seo a' cuideachadh le bhith a' cur an-aghaidh burraidheachd sgoile, agus a' toirt dùbhlàn do fhòirneart stèidhichte air gnè. Chaidh obair

innleachdach tuathanas MhicAmhlaigh aithneachadh le Duais Iomairt Shòisealta Nàiseanta airson taic dheatamach a thoirt do luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taice a bharrachd. Tha dòigh-obrach shùbailte, mhothachail a tha cuimsichte air an neach-ionnsachaidh a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh òg an sàs ann an gnìomhan ionnsachaidh brioghmhor. Mar thoradh air sin, tha iad a' leasachadh faireachdainn de bhuinteanas, agus barrachd tuigse air an còraichean agus saorsa pearsanta. Tha grunn luchd-ionnsachaidh a' dol air adhart gu cinn-uidhe adhartach. Bidh luchd-obrach ionnsachadh inbheach a' dèanamh deagh fheum de phlanaichean ionnsachaidh fa-leth, gus ath-sgrùdadh cunbhalach a dhèanamh le luchd-ionnsachaidh air an adhartas agus gus dèiligeadh ri cnapan-starra sam bith a tha romhpa. Tha buidhnean coimhearsnachd fìor èifeachdach agus àrd-amasach, air an riaghladh le stiùirichean saor-thoileach, a' leasachadh beatha agus bun-structar coimhearsnachd. Tha Adhartas na Hearadh Earranta, còmhla ri a chom-pàirtichean, ag obair gus làrach sgoil Scalpaigh ath-leasachadh airson solar taigheadais, gnìomhachais agus cur-seachad. Bidh iad a' tadhal air a h-uile dachaigh air an eilean agus a' cumail tachartasan conaltraidh aig am bi mòran an làthair. Mar thoradh air fios air ais bho luchd-còmhnaidh, thathas a-nis a' moladh balla sreap sa phròiseact. Ann an Àros an Rubha, tha a' choimhearsnachd a' libhrigeadh phròiseactan agus sheirbheisean a bheir taic do spiorad coimhearsnachd, agus in-ghabhail ann an coimhearsnachdan dùthchail. Tha iad a' ruith ionad coimhearsnachd beothail, sa bheil raon de bhuidhnean suidhichte. Tha a' bhùth, an cafaidh agus gnìomhan ionnsachaidh a' toirt seachad seirbheisean deatamach, gu h-àraidh nuair a tha an sgìre air a gearradh dheth bho Steòrnabhagh le fìor dhroch shìde.

Tha cha mhòr an òigridh uile a tha an sàs ann an obair òigridh ann an ceann a tuath is a deas Steòrnabhaigh a' toirt air adhart an sgìlean sòisealta, am misneachd agus fèin-spèis. Tha cothrom aig cha mhòr a h-uile neach òg a tha a' gabhail pàirt ann an gnìomhachd òigridh CLD air raon de dh'ionnsachadh agus de dhuaisean barrantaichte, leithid Dynamic Youth, Hi-5 agus duaisean Diùc Dhùn Èideann airson na choilean iad aithneachadh. Tha grunn dhaoine òga, air am brosnachadh le Duais Saltire, ag obair gu saor-thoileach sa choimhearsnachd. Tha daoine òga a tha an sàs ann an trèanadh Sgìlean Smàlaidh a' dèanamh charaidean ùra agus ag ionnsachadh sgìlean ùra, leithid fuasgladh cheistean agus togail sgioba. Tha iad cuideachd nas comasaiche air cunnart a thomhas agus a riaghladh. Tha grunn dhaoine òga a' faighinn deagh thaic gus am misneachd agus an guth a thogail, a' gabhail a-steach a bhith an làthair aig seisean bracaist leis a' Phrìomh Mhinistear. Tha Fòram nan Eileanach Òga a' taisbeanadh na cùise airson gnìomhan carbon neodrach gu prìomh luchd-co-dhùnaidh. Bidh oifigearan òigridh Chomunn na Gàidhlig a' tabhann raon de chur-seachadan sa Ghàidhlig, ann an spòrs, ealain is cultar. Tha cha mhòr a h-uile neach òg a tha an sàs ann an solar nas misneachaile agus tha iad nas fileanta sa Ghàidhlig. Tha am prògram dìleab Gàidhlig ga libhrigeadh do chòrr is 1,000 sgoilear thar gach sgoile ann an Leòdhas agus na Hearadh, ag adhartachadh dearbh-aithne chultarach agus a' stèidheachadh chòmhradhean nas fharsainge eadar ginealaich mu luach cultar is cànan na Gàidhlig. Bidh com-pàirtichean ionnsachadh inbheach, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha an sàs ann an taic comas-cosnaidh, ag obair gu math còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil slighean soilleir agus iomchaidh ann do luchd-ionnsachaidh inbheach. Mar thoradh air sin, tha luchd-ionnsachaidh, a' gabhail a-steach an fheadhainn a tha a' faighinn taic litearrachd, a' coileanadh aon no barrachd de na builean dealbhaichte aca. Mar eisimpleir, tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh Beurla airson luchd-labhairt chànanan eile (ESOL) a' meudachadh am misneachd, am mothachadh air buinteanas agus an comas air conaltradh ri seirbheisean, leithid dotairean agus tidsearan. Tha cha mhòr a h-uile neach-ionnsachaidh ESOL a' faighinn cosnadh.

Raointean leasachaidh

Chan eil targaidean aig com-pàirtichean CLD fhathast a ghabhas tomhas thar gach raon den obair làithreach agus chan eil seata de thùsan dàta aontaichte aca gus fiosrachadh a thoirt do phrìomhachasan. Tha feum ann leasachadh a dhèanamh air suidheachadh thargaidean a thaobh ghoireasan co-roinnte agus sgrùdadh agus tracadh adhartais thar ùine. Bheir seo taic do chom-pàirtichean gus tuigse nas fheàrr fhaighinn air buaidh solar CLD air feadh nan Eilean Siar.

Chan eil com-pàirtichean CLD a' toirt fios air ais fhathast ann an dòigh eagraichte do luchd-ionnsachaidh, coimhearsnachdan agus com-pàirtichean eile air builean co-obrachaidh agus co-chomhairle coimhearsnachd. Feumaidh com-pàirtichean a-nis a bhith ag obair còmhla gus dèanamh cinnteach gu bheil anailis air toraidhean gan roinn nas fharsainghe. Cuidichidh seo le fios a thoirt do raointean feumalachd comharraichte agus gus cus co-chomhairle agus dùblachadh obrach a sheachnadh.

3. Dè thachras a-nis?

Tha an t-ùghdarras ionadail agus an com-pàirtichean CLD a' dèanamh adhartas gu leòr leis a' phlana CLD aca agus tha comas aca cumail orra a' leasachadh. Mar thoradh air sin, cha dèan Luchd-sgrùdaidh an Rìgh an còrr co-cheangailte ris an turas adhartais seo.

Ann Kivlin

Neach-sgrùdaidh an Rìgh

23 Giblean 2024